

## MODH-OBACH LÀIMHSEACHADH GHEARANAN Stiùireadh do Luchd-cleachdaidh

---

**Tha Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh an geall air seirbheisean luchd-cleachdaidh den chiad ìre a thoirt seachad.**

**Tha sinn a' cur luach air gearanan agus a' cleachdadh fios bhuapa gus cuideachadh rinn leasachadh.**

1. Ma thèid rudeigin ceàrr no mura bheil thu toilichte le ar cuid sheirbheisean, nach innis thu dhuinn. Tha an stiùireadh seo a-mach air modh-obrach làimhseachadh nan gearanan againn agus mar a thogas tu gearan. Tha e cuideachd ag innse dhut mar a làimhsicheas sinn an gearan agad agus na dh'fhaodas tu a bhith a' sùileachadh bhuainn.

### **Dè th' ann an gearan?**

2. Tha sinn a' meas gearan mar nochdadh mì-thoileachais sam bith mun ghnìomh no mu chion ghnìomhan leinn, no mu inbhe na seirbheise a tha ga thoirt seachad leinn fhèin air neo às ar leth.

### **Dè a dh'fhaodas mi gearan mu dheidhinn?**

3. Faodaidh tu gearan mu rudan leithid:
  1. Fairtleachadh no diùltadh seirbheis a thoirt seachad;
  2. Inbhe no ìre seirbheise gun a bhith math gu leòr no dàil mhì-reusanta ann an toirt seachad seirbheis;
  3. Mì-thoileachadh le fear de na poileasaidhean againn no a' bhuaidh a bheir e air neach;
  4. Fairtleachadh lagh, modh no stiùireadh a chur an gnìomh mar as còir nuair a tha seirbheis ga toirt seachad;
  5. Fairtleachadh cumail ri modh iomchaidh a thaobh rianachd;
  6. Giùlan, làimhseachadh no seasamh neach-obrach no neach-cùmhnaint (ach a-mhàin nuair a tha ullachaidhean ann far am faod an neach-cùmhnaint an gearan a làimhseachadh e fhèin); agus,
  7. Gun a bhith ag aontachadh ri co-dhùnadh (ach a-mhàin nuair a tha modh reachdail ann gus dùbhlann a thoirt air a' cho-dhùnadh sin, no modh stèidhichte ghearanan na dhèidh).
4. Faodaidh an gearan agad bualadh air barrachd is aon seirbheis no mu chuideigin ag obair às ar leth.

## **Dè nach fhaod mi gearan mu dheidhinn?**

5. Tha cuid de rudan ann leis nach urrainn dhuinn làimhseachadh to modh-obrach làimhseachadh nan gearanan againn. Nam measg seo, tha:
  1. Iarrtas gnàthach don chiad uair airson seirbheis;
  2. Iarrtasan airson dìoladh;
  3. Ceistean a tha sa chùirt mar-thà no a chualathas le cùirt no mòd-ceartais (ma chuireas tu romhad gnìomh laghail a ghabhail bu chòir dhut fios a chur thugainn oir chan fhaodar beachd a ghabhail air a' ghearan fon mhodh seo an uair sin);
  4. Gun a bhith ag aontachadh ri co-dhùnadh nuair a tha modh reachdail ann gus dùbhlán a thoirt air a' cho-dhùnadh sin (leithid co-dhùnaidhean mu dhealbhadh, airson saorsa an fhiosrachaidh agus iarrtasan airson cothrom air cuspairean), no modh stèidhichte thagraidhean;
  5. Iarrtas airson fios mu Achdan Dìon Dàta no Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba);
  6. Oidhirp gearan a chaidh a thoirt gu crìch cheana fhosgladh a-rithist no gun tèid beachd às ùr a ghabhail air gearan nuair a tha sinn air an co-dhùnadh mu dheireadh againn a thoirt seachad mar-thà;
  7. Droch-dhìol no casaidean gun bhunait mun bhuidhinn no mun luchd-obrach againn nuair a rachadh an leithid de ghnìomhan a chòmhdach fon phoileasaidh againn mu chonaltradh mì-reusanta iarratach; agus
  8. Ceist mu ghnìomhan no mu sheirbheis le buidheann eile, far nach eil buinteanas sam bith againn fhìn ris a' cheist (**ach a-mhàin** nuair a tha a' bhuidheann eile a' libhrigeadh sheirbheisean às ar leth).
6. Ma dh'fhaodas modhan-obrach eile no còraichean air tagradh riut gus na ceistean agad fhuasgladh, bheir sinn dhut fiosrachadh is comhairle ri cuideachadh riut.

## **Cò a dh'fhaodas gearan?**

7. Faodaidh neach sam bith a gheibh, a dh'iarras, no air a bhualadh gu dìreach leis na seirbheisean againn gearan a chur thugainn. Nam measg seo tha riochdaire cuideigin nach eil toilichte leis an t-seirbheis againn (mar eisimpleir, caraid, neach-tagraidh no neach-comhairle). Ma bhios tu a' dèanamh gearan às leth cuideigin eile, bidh cead sgrìobhte bhuapa a dhìth ort mas as trice. Nach leugh thu an earrann cuideachd air **A' faighinn cuideachadh gus an gearan agad a dhèanamh** gu h-ìseal.

## **Ciamar a nì mi gearan?**

8. Faodaidh tu gearan a dhèanamh le bhith a' nochdadh aig gin de na h-oifisean againn, le fòn, ann an sgrìobhadh, no air post-dealain gu [enquiries@cairngorms.co.uk](mailto:enquiries@cairngorms.co.uk)

9. Tha e nas fhasa dhuinn aghaidh a chur air gearanan ma nì thu gu luath iad agus ma leigeas tu fios dè an raon den ghnothach againn a th' ann. Faodar an gearan agad a chur an uair sin gu neach-obrach san sgioba iomchaidh a dh'obraicheas leinn gus a' cheist fhuasgladh.
10. Nuair a nì thu gearan, innis dhuinn:
  1. D' ainm slàn agus fiosrachadh gus fios a chur thugad;
  2. Nas urrainn dhut mun ghearan;
  3. Na chaidh ceàrr; agus,
  4. An toradh a thu ag iarraidh.

### **Fios thugainn:**

Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh  
14 A' Cheàrnag  
Baile Ùr nan Granndach  
Alba  
PH26 3HG

**Fòn:** +44 (0) 1479 873 535

**Post-dealain:** [enquiries@cairngorms.co.uk](mailto:enquiries@cairngorms.co.uk)

### **Dè an fhaid a th' agam gus gearan a dhèanamh?**

11. Mar as trice, feumaidh tu an gearan agad a dhèanamh an taobh a-staigh sia mìosan:
  1. Bhon tachartas a tha thu ag iarraidh gearan mu dheidhinn; no
  2. Bho fhuair a-mach gu bheil adhbhar-gearain agad.
12. Ann an suidheachaidhean air leth, faodaidh gun tèid againn air gabhail ri gearan an dèidh dhan chrìoch-ama dol seachad. Ma tha thu a' faireachdainn nach bu chòir gum biodh a' chrìoch-ama a' bualadh air a' ghearan agad, nach innis thu dhuinn carson.

### **Dè thachras an dèidh dhomh gearan?**

13. Innsidh sinn dhut an-còmhnaidh cò tha a' dèiligeadh ris a' ghearan agad.

### **Tha dà ìre aig modh nan gearanan againn:**

#### **Ìre a h-aon – Fhuasgladh gun Dàil**

14. Tha e nar n-amas gearanan fhuasgladh gu luath (nuair a ghabhas dèanamh nuair a dh'innseas tu dhuinn mun cheist). Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh leisgeul is mìneachadh air an spot ma tha rudeigin air a dhol follaiseach ceàrr, agus gnìomh gun dàil gus an duilgheadas fhuasgladh.

15. Bheir sinn dhut an co-dhùnadh againn aig Ìre 1 cho luath ‘s a ghabhas, nas lugha na tha suidheachaidhean air leth ann.
16. Mas e ‘s nach eil thu toilichte leis an fhreagairt a bheir sinn aig an ìre seo, faodaidh sinn innse dhut dè an ath rud a nì thu. Ma chuireas tu a leithid romhad, faodaidh tu an gearan agad a thoirt gu ìre 2. Mar as trice, feumaidh tu iarraidh oirnn beachd a ghabhail air a’ ghearan agad aig ìre 2 an dara cuid:
1. An taobh a-staigh sia mìosan bhon tachartas a tha thu ag iarraidh gearan mu dheidhinn no nuair a fhuair thu a-mach gu bheil adhbhar-gearain agad; no
  2. An taobh a-staigh dà mhìos an dèidh dhut an fhreagairt aig ìre 1 fhaighinn (ma tha seo nas anmoiche).
17. Ann an suidheachaidhean air leth, faodaidh gun tèid againn air gabhail ri gearan aig ìre 2 an dèidh dhan chrìoch-ama dol seachad. Ma tha thu a’ faireachdainn nach bu chòir gum biodh a’ chrìoch-ama a’ bualadh air a’ ghearan agad, nach innis thu dhuinn carson.

### **Ìre a dhà – Sgrùdadh**

18. Tha Ìre 2 a’ dèiligeadh ri trì seòrsaichean gearain:
1. An fheadhainn nach eilear air fuasgladh aig Ìre;
  2. An fheadhainn a tha Toinnte nan gnè nuair a tha e follaiseach sa bhad gu bheil feum air sgrùdadh mionaideach; agus,
  3. Far a bheil luchd-stiùiridh àrd-ìre an sàs.
19. Mas e ‘s nach eil thu ag iarraidh gun tèid an gearan agad a làimhseachadh aig ìre 1, faodaidh tu iarraidh oirnn a làimhseachadh aig ìre 2 na àite.
20. Nuair a thathar a’ cleachdadh Ìre 2, nì sinn na leanas:
1. Aideachadh an taobh a-staigh trì là-obrach gun d’fhuair sinn an gearan agad;
  2. Far a bheil e iomchaidh, an gearan agad a dheasbad leat gus tuigsinn carson a thu fhathast mì-thoilichte agus dè an toradh a tha thu ag iarraidh;
  3. An gearan agad fuasgladh nuair as urrainn dhuinn (ann an cuid de shuidheachaidhean, faodaidh gum mol sinn gun cleachd thu dòigh-dèiligidh eile gus an gearan fuasgladh, leithid eadraiginn); agus
  4. Nuair nach tèid againn air an gearan agad fuasgladh, bheir sinn dhut freagairt làn cho luath ‘s a ghabhas, mar as trice an taobh a-staigh 20 là-obrach.

21. Ma tha an sgrùdadh air leth toinnte agus feum againn air barrachd is 20 là-obrach gus an duilgheadas fhuasgladh, aontaichidh sinn crìoch-ama ùr agus cumaidh sinn fios riut mu adhartas.

### **Dè ma bhios mi fhathast mì-thoilichte?**

22. Mas e, an dèidh dol tro mhodh nan gearanan againn agus an co-dhùnadh mu dheireadh againn a thoirt dhut, gu bheil thu fhathast mì-thoilichte leis a' cho-dhùnadh againn no leis an dòigh san do dhèilig sinn ris a' ghearan agad, faodaidh tu iarraidh air Ombudsman Seirbheisean Poblach na h-Alba (SPSO) sealltainn air.

23. Tha SPSO nam buidheann neo-eisimeileach a bhios a' sgrùdadh ghearanan. Chan e seirbheis-tagraidh no seirbheis-taice a th' annta (ach tha buidhnean eile ann a chuidicheas riut le tagradh no taic).

24. Faodaidh tu iarraidh air SPSO sealltainn air a' ghearan agad mas e:

1. Gun deach thu fad na slighe tro mhodh-làimhseachaidh nan gearanan againn
2. Gu bheil e nas lugha na 12 mhìos bho dh'fhàs thu mothachail air a' chùis a tha thu ag iarraidh gearan mu deidhinn; agus
3. Cha deach a' chùis a bheachdachadh (agus chan eilear ga beachdachadh) anns a' chùirt.

25. Iarraidh SPSO ort bileag-ghearanan a lìonadh agus copaidh den fhreagairt mu dheireadh againn air a' ghearan agad a thoirt seachad. Faodaidh tu seo a dhèanamh air-loidhne aig [www.spsa.org.uk/complain/form](http://www.spsa.org.uk/complain/form) no fònadh thuca air Freephone 0800 377 7330.

26. Faodaidh gum bi thu ag iarraidh taic no tagradh neo-eisimeileach fhaighinn a chuideachadh riut gus an gearan agad a thoirt air adhart. Faic an earrann air **A' faighinn cuideachadh gus an gearan agad a dhèanamh** gu h-ìseal.

### **27. Is e am fiosrachadh mu chonaltradh ri SPSO:**

SPSO

Taigh Taobh na Drochaide

99 Rathad an Dòmhnallaich

Dùn Èideann

EH7 4NS

*(Ma tha thu ag iarraidh tadhal thu fhèin, feumaidh tu coinneamh a chur air dòigh an toiseach)*

**Seòladh Freepost: FREEPOST SPSO**

**Freephone: 0800 377 7330**

**Conaltradh air-loidhne:** [www.spsso.org.uk/contact-us](http://www.spsso.org.uk/contact-us)

**Làrach-lìn:** [www.spsso.org.uk](http://www.spsso.org.uk)

**A' faighinn cuideachadh gus an gearan agad a dhèanamh**

28. Tha sinn a' tuigsinn gur dòcha nach bi comasach dhut, no nach bi thu ag iarraidh, gearan a dhèanamh thu fhèin. Tha sinn a' gabhail ri gearanan bho riochdaire cuideigin a tha mì-thoilichte leis an t-seirbheis againn. Faodaidh sinn gabhail ri gearanan bho charaid no bho neach-tagraidh, ma tha thu air cead a thoirt dhaibh gearan às do leth.

29. Gheibh thu a-mach mu luchd-tagraidh san sgìre agad le bhith a' cur fios gu Caidreachas Tagraidh Neo-eisimeilich na h-Alba.

**30. Is e am fios mu chonaltradh ri Caidreachas Tagraidh Neo-eisimeilich na h-Alba:**

**Fòn:** 0131 510 9410

**Làrach-lìn:** [www.siaa.org.uk](http://www.siaa.org.uk)

31. Gheibh thu a-mach mu luchd-comhairle san sgìre agad tro:

**Comhairle Shaoranach Alba:**

**Làrach-lìn:** [www.cas.org.uk](http://www.cas.org.uk)

no thoir sùil ann an leabhar nam fòn agad airson Biùro Comhairleachaidh a' Phobail gu h-ionadail.

32. Tha sinn an geall air an t-seirbheis againn a dhèanamh furasta ri cleachdadh do gach ball den choimhearsnachd. A rèir nan dleasan reachdail a tha oirnn a thaobh co-ionannachd, nì sinn cinnteach daonnan gun tèid atharrachaidhean reusanta a dhèanamh gus cuideachadh ri luchd-cleachdaidh cothrom fhaighinn air ar cuid sheirbheisean agus an cleachdadh. Ma bhios tàire agad an gearan agad a chur ann an sgrìobhadh, no ma bhios tu ag iarraidh an fhiosrachaidh seo ann an cànan no riochd eile, mar an clò-mòr, no Braille, nach innis thu dhuinn thu fhèin, cuir fios thugainn air 01479 873535, air neo cuir post-dealain thugainn aig [enquiries@cairngorms.co.uk](mailto:enquiries@cairngorms.co.uk).

33. Bidh an stiùireadh seo ri fhaighinn sa Ghàidhlig aig [www.cairngorms.co.uk/complaints](http://www.cairngorms.co.uk/complaints). Faodaidh sinn an stiùireadh seo a thoirt dhut cuideachd ann an cànanan is riochdan eile (mar an clò-mòr, stuth-èisteachd no Braille).

**STIÙIREADH LUATH MU MHODH NAN GEARANAN AGAINN**

## Modh nan Gearanan

Faodaidh tu an gearan agad a dhèanamh thu fhèin, air fòn, air post-dealain no ann an sgrìobhadh

Tha **modh-obrach ghearanan ann an dà ìre** againn. Feuchaidh sinn an-còmhnaidh ri dèiligeadh ris a' ghearan agad gu luath. Ach ma tha e follaiseach gun fheumar a' chùis a sgrùdadh, innsidh sinn dhut agus cumaidh sinn fios riut mu adhartas.

## Ìre 1: Freagairt gun dàil

Feuchaidh sinn an-còmhnaidh ri dèiligeadh ris a' ghearan agad gu luath, an taobh a-staigh **còig là-obrach** mas urrainn dhuinn.

Mura bheil thu toilichte leis an fhreagairt againn, faodaidh tu iarraidh oirnn beachd a ghabhail air a' ghearan agad aig ìre 2.

## Ìre 2 : Sgrùdadh

Seallaidh sinn air a' ghearan agad aig an ìre seo ma tha thu mì-thoilichte leis an fhreagairt againn aig ìre 1. Bidh sinn cuideachd a' sealltainn air gearanan sa bhad aig an ìre seo, ma tha e follaiseach gu bheil iad feumach air sgrùdadh.

Bheir sinn aideachadh dhan ghearan agad an taobh a-staigh **trì là-obrach**.

Dearbhaidh sinn puingean a' ghearan rin sgrùdadh agus na thu ag iarraidh toirt gu buil.

Nì sinn sgrùdadh air a' ghearan agus bheir sinn dhut an co-dhùnadh againn cho luath 's a ghabhas.

Bidh seo ann an dèidh gun a bhith barrachd is **20 là-obrach nas lugha** na tha adhbhar follaiseach ann a bhith feumach air barrachd ùine.

## Ombudsma Seirbheisean Poblach na h-Alba

Mas e, an dèidh an co-dhùnadh mu dheireadh againn air a' ghearan agad fhaighinn, gu bheil thu fhathast mì-riaraichte leis a' cho-dhùnadh againn no an dòigh san do làimhsich sinn an gearan agad, faodaidh tu iarraidh air SPSO beachd a ghabhail air.

Innsidh sinn dhut mar a nì thu seo nuair a chuireas sinn an co-dhùnadh mu dheireadh againn thugad.

Innsidh sinn dhut mar a nì thu seo nuair a chuireas sinn an co-dhùnadh mu dheireadh againn thugad.